

Sex (+drugs + alcohol)

Bhruidhinn daoine' òga mu bhith a' cleachdadh deoch-làidir agus drugaichean airson faireachdainn nas misneachaile agus gus faireachdainn saor

Tha daoine ag iarraidh gum bi spòrs aca. (Aois 17)

Tha buaidh na dibhe a' toirt ort faireachdainn gun urrainn dhut bruidhinn ri neach sam bith agus gun urrainn dhut rud sam bith a dhèanamh. (Aois 16)

Gad chuideachadh gus gum bi spòrs agad. Bidh cuid de dhaoine ga chleachdadh airson feuchainn ris na rudan dona nam beatha a dhìochuimhneachadh. (Aois 17)

Faodaidh e do dhèanamh nas saoire gus rudan a dhèanamh agus rudan a ràdh nach dèanadh tu san àbhaist, ach ma tha thu na eisimeil airson faighinn tron latha bìdh e dìreach a' dol san rathad oir chan eil thu còmhla ris an neach gu ceart. (Aois 16)

Dè do bheachd?

Sex (+drugs + alcohol)

Bhruidhinn daoine òga mu dheoch-làidir agus aithreachas...

*Droch bheachd agus gu tric bidh aithreachas air
daoine mu roghainnean a rinn iad fo bhuidhe deoch-
làidir.*

(Aois 17)

Dè do bheachd?

Bhruidhinn daoine' òga mu dheoch-làidir agus drugaichean ag adhbhrachadh thrioblaidean ann an dàimhean...

Faodaidh deoch-làidir tòrr thrioblaidean adhbhrachadh ann an dàimh. Bho argamaidean gu droch-dhiol san dachaigh gu sparradh ghnìomhan feiseil. Ge-tà faodaidh e cuideachd suidheachadh a tha calg-dhìreach an aghaidh seo adhbhrachadh no cur ri oidhche shnog còmhla.

(Aois 20)

Mura h-eil neach earbsach no ma tha iad a' gabhail dhrugaichean no deoch-làidir, bidh an dàimh a' bristeadh sìos, ciamar a chuireadh tu earbsa ann an neach nach eil earbsach?

(Aois 17)

Tha e a' dèanamh dhaoine caochlaideach, a' meudachadh farmad agus a' dol san rathad air earbsa.

(Aois 16)

Dè do bheachd?

Sex (+drugs + alcohol)

Bhruidhinn daoine' òga mu bhith a' gabhail riosgan...

*Nuair a bhios daoine a' gabhail deoch, bidh iad a' dèanamh rudan gòrach mar suirghe aon-oidhche.
(Aois 16)*

*Tha an deoch air dàrna leth dhen bhaile dàrna leth na h-ùine. Nuair a tha an deoch orra, bidh iad ri feise.
Tha deoch-làidir a' piobrachadh feise.
(Aois 17)*

*Ga dhèanamh caran riosgail.
(Aois 16)*

Dè do bheachd?

Bhruidhinn daoine' òga mu fhòirneart feiseil....

Aon turas dh'fheuch balach ri cùisean a thoirt ro fhada dhòmhsa agus chuir e coire air deoch-làidir. (Aois 16)

Aon turas nuair a bha an deoch orm, dh'fheuch balach ri mo phògadh ach cha robh mi air a shon, chuir mi stad air ach dh'fhàs e feargach agus thòisich e air èigheach. Chan eil mi a' smaoinichadh gu bheil feise agus deoch-làidir a' dol còmhla. (Aois 17)

Tha e spòrsail a bhith ag òl deoch-làidir aig partaidhean ach cha robh còir aige a bhith an lùib feise. Ma tha neach air uidhir òl 's gu bheil an deoch orra, chan urrainn dhaibh roghainnean a dhèanamh mu na thairid ag iarraidh a dhèanamh le bodhaigean agus 's e droch-dhìol dhrabasta no èigheachadh a th' ann. (Aois 16)

Dè do bheachd?